



Ùghdarras Theisteanas Na H-Alba (SQA) Plana Cànan na Gàidhlig

Scottish Qualifications Authority (SQA) Gaelic Language Plan

Chaidh am plana seo ullachadh an co-chòrdadh ri Earrann 3 de Achd Cànan na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 22 An t-Ògmhios 2010

This plan has been prepared under Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and was approved by Bòrd na Gàidhlig on 22 June 2010.

An deasachadh seo: An t-Sultain 2010
This edition: September 2010

Còd-foillseachaidh/Publication code: FF5079

Foillsichte le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Togalach Optima, 58 Sràid MhicDhonnchaidh, Glaschu G2 8DQ
Rathad Muilnean an Iarainn, Dail Chè, Meadhan-Lodainn EH22 1LE

Published by the Scottish Qualifications Authority
The Optima Building, 58 Robertson Street, Glasgow G2 8DQ
Ironmills Road, Dalkeith, Midlothian EH22 1LE

www.sqa.org.uk

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a chleachdadh mar thaic do theisteanasan SQA. Ma chleachdar e, is còir SQA ainmeachadh gu soilleir mar bhun. Ma chleachdar e airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaighinn bho Sgiobadh dheasachaidh SQA. Chan fhaodar a chleachdadh airson adhbharan malairt.

The information in this publication may be reproduced in support of SQA qualifications. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, then written permission must be obtained from the Editorial Team at SQA. It must not be reproduced for trade or commercial purposes.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2010

For an up-to-date list of prices visit the Publication Sales and Downloads section of SQA's website.

This document will be produced in alternative formats, including large type, Braille and community languages. For further details telephone SQA's Customer Contact Centre on 0845 279 1000.

SQA is committed to using plain English. We will try to make our publications as easy and straightforward to understand as we can, and will try to avoid all unnecessary jargon. If there is any language in this document that you feel is hard to understand, or could be improved, please write to Editor, Editorial Team, at the Glasgow address above or e-mail: editor@sqa.org.uk.

Airson liosta nuadh-aimsireil de phrìsean theirig gu earrann Reicean Foillseachaidh agus Sìos-luchdaichean air làrach-lìn SQA.

Bidh an sgrìobhainn seo air fhoillseachadh ann an caochladh chruthan, a' gabhail a-steach clò-sgrìobhadh mòr, breul agus cànanan coimhearsnachd. Airson tuilleadh fiosrachadh cuir fòn gu Ionad-bruidhne SQA aig 0845 279 1000.

Tha SQA a' gealltainn cànan sìmplidh a chleachdadh. Feuchaidh sinn ri ar foillseachaidhean a dhèanamh cho furasta an tuigsinn 's as urrainn dhuinn, agus feuchaidh sinn ri goileam gun fheum a sheachnadh. Ma tha sibh a' meas gu bheil cainnt sam bith san sgrìobhainn seo a tha doirbh a tuigsinn, no air am faodar piseach a thoirt, sgrìobhaibh gu An Neach-deasachaidh, Sgiobadh-dheasachaidh, aig seòladh Ghlaschu no cuiribh post-d gu: editor@sqa.org.uk.

Foreword

SQA is ambitious for Gaelic in Scotland. We are determined to play a full and committed part in ensuring that the Scottish people and economy benefit from a qualifications and skills system that is all-embracing, is delivering, and is meeting Scotland's needs.

Our qualifications and services must be dynamic and relevant to the needs of business, industry and individuals. We need to ensure everyone in Scotland has the opportunity to reach their full potential. SQA has a major role to play in partnership with the Scottish Government and other stakeholder organisations in driving forward and delivering our ambitions for Gaelic.

The Gaelic Language Act of 2005 and the National Plan for Gaelic are of fundamental importance in enabling SQA and its partner organisations to plan successfully for a sustainable future for the language, not just in Scotland but on the international stage.

SQA recognises the importance of supporting the aspirations and objectives included in the National Plan for Gaelic and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. Of particular importance, given the educational remit of SQA, is the development of its Gaelic Education Strategy.

The 2005 Act requires public bodies to bring the preparation of their Gaelic Language Plans to the attention of all interested parties. SQA consulted publicly on the draft of its Gaelic Language Plan in 2009 and took into account representations made to it during the consultation process.

Dr Janet Brown
Chief Executive
SQA

Ro-ràdh

Tha SQA ag iarraidh adhartas air a' Ghàidhlig ann an Alba. Tha sinn a' cur romhainn pàirt iomlan agus dhùrachdach a ghabhail ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu faigh sluagh agus eacanamaidh na h-Alba tairbhe bho shiostam theisteanasan agus sgilean a ghabhas gach nì a-steach agus a nì liubhairt agus coileanadh air feuman na h-Alba.

Feumaidh ar teisteanasan agus ar seirbheisean a bhith fiùghantach agus beantainneach ri feuman gnìomhachais, oibrichean agus dhaoine air leth. Feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach ann an Alba an làn chomasan a choileanadh. Tha mòr-phàirt aig SQA ann an co-roinn ri Riaghaltas na h-Alba agus ri buidhnean eile aig a bheil ùidh ann a bhith a' cur air adhart ar miann mu adhartas airson Gàidhlig.

Tha Achd Cànan na Gàidhlig 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig cudromach gu bunaiteach ann a bhith a' toirt comas do SQA agus dhaibhsan a tha ag obair an compàirt riutha planadh gu h-èifeachdach airson gum bi an cànan air a chumail suas gu soirbheachail, chan ann a-mhàin an Alba ach aig ìre eadar nàiseanta.

Tha SQA mothachail air cho cudromach 's a tha e taic a chur ri na h-amasan agus ri na rùintean a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd Cànan na Gàidhlig Alba 2005. Gu sònraichte cudromach, air sgàth raon ùghdarras foghlaim SQA, tha leasachadh air ar Ro-innleachd a thaobh foghlaim na Gàidhlig.

Tha Achd 2005 ag ràdh gu feum buidhnean poblach aire gach neach aig a bheil ùidh a tharraing gu ullachadh a' Phlana Cànan na Gàidhlig ann an 2009 agus impidhean a ghabhail a-steach a rinneadh riutha nuair bha comhairleachadh a' tachairt.

Dr Seònaid NicIleDhuinn
Àrd Oifigear
SQA

Contents

Summary	2
Structure of SQA's Gaelic Language Plan	4
1 Introduction	6
2 SQA's corporate commitments, values and targets	12
3 Gaelic education policy and implementation of the National Plan for Gaelic in SQA	22
4 Implementation and monitoring	32
Appendix 1: Qualifications and statistics	38
Appendix 2: Priority action areas	40
Appendix 3: Scottish Credit and Qualifications Framework	44

Clàr-innse

Geàrr-chuntas	3
Structar Plana Cànanain Gàidhlig SQA	5
1 Ro-ràdh	7
2 Ceangalan corporra, feabhas luachan agus targaidean SQA	13
3 Poileasaidh Foghlaim Gàidhlig agus coileanadh Plana Nàiseanta Gàidhlig le SQA	23
4 Buileachadh agus measadh	33
Eàrr-ràdh 1: Teisteanasan agus staitistic	39
Eàrr-ràdh 2: Tùs-chothroman gnìomha	41
Eàrr-ràdh 3: Structar Creideis agus Theisteanas Alba	45

Summary

SQA recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life. SQA is committed to the objectives set out in the National Plan for Gaelic and has put in place the necessary structures and initiatives to ensure that Gaelic has a sustainable future in Scotland.

SQA recognises that the position of Gaelic is extremely fragile and if Gaelic is to be revitalised as a living language in Scotland, a concerted effort on the part of government, the public and private sectors, community organisations and individual speakers is required to:

- ◆ enhance the status of Gaelic
- ◆ promote the acquisition and learning of Gaelic
- ◆ encourage the increased use of Gaelic

This document is SQA's Gaelic Language Plan, and it was prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in the operation of our functions, how we will enable the use of Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we will promote and develop Gaelic as part of the National Education Strategy for the language.

SQA's Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with statutory criteria set out in the 2005 Act, and with regard to the National Plan for Gaelic and the Guidance on the Development of Gaelic Language Plans.

SQA gratefully acknowledges the assistance and support provided by Bòrd na Gàidhlig in the production of this Plan.

Geàrr-chuntas

Tha SQA mothachail gu bheil a' Ghàidhlig na cuibhreann riatanach de dhualchas agus de bheatha chultarach na h-Alba. Tha SQA a' creidsinn gu dùrachdach anns na h-amasan a tha air an cur a-mach sa Phlana Nàiseanta don Ghàidhlig agus chuir iad nan àite na structaran agus na tionnsgaidhean feumail airson a bhith cinnteach gum bi an cànan soirbheachail ann an Alba san àm ri teachd.

Tha SQA mothachail gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach lag agus ma bhios a' Ghàidhlig air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, feumar fìor oidhirp a dhèanamh le riaghaltas, le na roinnean poblach agus prìomhaideach, le buidhnean coimhearsnachd agus le luchd-labhairt air leth airson:

- ◆ inbhe na Gàidhlig a thogail
- ◆ Gàidhlig fhaighinn agus a h-ionnsachadh
- ◆ tuilleadh Gàidhlig a bhrosnachadh

'S e am pàipear seo Plana Cànan Gàidhlig SQA, agus chaidh ullachadh a rèir dealbhadh Achd Cànan na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' foillseachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a cheadaicheas sinn cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-pàirte, agus mar a chuireas sinn air adhart 's mar a leasaicheas sinn Gàidhlig mar chuibhreann de Ro-innleachd Foghlaim Nàiseanta a' chànain.

Chaidh Plana Cànan SQA ullachadh an co-chòrdadh ri slatan-tomhais laghail a chuireadh a-mach ann an Achd 2005, agus le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus air Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Cànan na Gàidhlig.

Tha SQA le taing a' dèanamh aithne air a' chuideachadh 's air an taic a thug Bòrd na Gàidhlig dhaibh ann a bhith a' deilbh a' Phlana seo.

Structure of SQA's Gaelic Language Plan

The key components of our Gaelic Language Plan are:

Chapter 1: Introduction

- ◆ Function of SQA
- ◆ How SQA operates
- ◆ Gaelic in SQA's area of operation
- ◆ Approval of SQA's Gaelic Language Plan

Chapter 2: SQA's corporate commitments, values and targets

This chapter sets out how SQA will use, and enable the use of Gaelic in relation to our main business functions. It covers key areas of operation such as corporate identity, signage, communication with the public and the use of Gaelic on our website. This chapter sets out the basic level of Gaelic language provision to which we are committed to providing in the lifetime of this Plan.

Chapter 3: Gaelic education policy and implementation of the National Plan for Gaelic in SQA

This chapter sets out how SQA will help implement the National Plan for Gaelic, showing how we intend to promote the use of Gaelic in education. This chapter also states that we will take account of Gaelic and our Gaelic Language Plan when drafting new policies and considering new strategies.

Chapter 4: Implementation and monitoring

This chapter sets out how the implementation of our Gaelic Language Plan will be taken forward, and how implementation and outcomes will be monitored.

Structar Plana Cànan Gàidhlig SQA

Is iad prìomh cho-phàirtean ar Plana Cànan Gàidhlig:

Caibideil 1: Ro-ràdh

- ◆ Obair-gnìomhachais SQA
- ◆ Mar tha SQA ag obair
- ◆ Gàidhlig ann an raon-obrach SQA
- ◆ Aonta ri Plana Cànan Gàidhlig SQA

Caibideil 2: Ceangalan Corporra, Feabhas Luachan agus Targaidean SQA

Tha a' chaibideil seo a' foillseachadh ciamar a chleachdas, agus a cheadaicheas SQA Gàidhlig an co-cheangal ri ar prìomh oibrichean-gnìomhachais. Tha i a' còmhach ar prìomh raointean-obrach a leithid dearbh-aithne corporra, shoidhnichean, chonaltradh ris a' phoball agus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Tha a' chaibideil seo a' foillseachadh na h-ìre bunasaich de chànan Gàidhlig a bhios sinn a' tairgsinn gu dealasach cho fada 's a bhios am Plana ann am bith.

Caibideil 3: Poileasaidh Foghlaim Gàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig le SQA

Tha a' chaibideil seo a' foillseachadh ciamar a chuidicheas SQA leis a' Phlana Nàiseanta airson Gàidhlig a bhuileachadh, a' sealltainn mar a tha dùil againn cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart ann am foghlam. Tha a' chaibideil seo cuideachd ag innse gum bi sinn mothachail air Gàidhlig agus air ar Plana Nàiseanta Gàidhlig nuair bhios sinn a' dèanamh dhreachdan de phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4: Buileachadh agus Measadh

Tha a' chaibideil seo a' foillseachadh ciamar a bhuilichear ar Plana Nàiseanta Gàidhlig, agus ciamar a mheasas sinn buileachadh agus toraidhean.

1 Introduction

Function of SQA

SQA is the national body in Scotland for the development, accreditation, assessment and certification of qualifications (other than degrees and some professional qualifications). Our main functions are set out in the Education (Scotland) Act 1996. We are a non-departmental public body, sponsored by the Scottish Government's Schools Directorate.

The core purpose of SQA is to set and maintain standards in education and training through the qualifications and assessments we deliver in schools, in colleges, and in workplace learning. In addition, its accreditation function sets and maintains standards for awarding bodies and accredited qualifications, such as Scottish Vocational Qualifications.

How SQA operates

The Education (Scotland) Act 1996 sets out the functions of SQA. SQA works with colleagues in the Schools and the Lifelong Learning Directorates of the Scottish Government to develop its objectives, and in the delivery of all the organisation's functions and services.

The Scottish Government appoints SQA's Board of Management, which has responsibility for overseeing the work of SQA. The Board sets the strategic direction for the organisation through a robust process of review and approval of the Corporate and Business Plans, which are submitted to Scottish Ministers.

Gaelic in SQA's area of operation

SQA and its predecessor bodies have maintained a strong commitment to the Gaelic language for many years. National Qualifications for Gaelic (Learners) and Gàidhlig are available at Access 3, Standard Grade, Intermediate 1, Intermediate 2, Higher and Advanced Higher levels. SQA is currently developing qualifications in the further and higher education sectors in Scotland to ensure that the needs of the Gaelic learning and working community are addressed across all levels of fluency in the language. There are more details of this provision in Appendix 1.

SQA also currently makes a number of Standard Grade examinations available through the medium of Gaelic: Geography, History, Mathematics and Modern Studies. New models of entry, certification, translation and marking for these courses are now being developed in addition to a commitment to extend the range of subjects available.

The following extract from the 2001 Census illustrates a number of key developments that have influenced SQA's work with Gaelic:

1 Ro-ràdh

Obair-gnìomhachais SQA

Is e SQA am buidheann nàiseanta ann an Alba airson bharrantasan a leasachadh, is ùghdarras is teisteachd a thoirt dhaibh (a thuilleadh air ceuman agus cuid de bharrantasan proifeiseanta). Tha ar prìomh oibrichean-gnìomhachais air am foillseachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 1996. Is e buidheann poblach neo-roinneil a tha annainn, air ar n-urrasachadh le Stiùirichean-sgoile Riaghaltas na h-Alba.

Is e prìomh adhbhar SQA bunan-tomhas ann am foghlam agus ann an trèanadh a stèidheachadh agus a ghleidheadh tro na barrantasan agus tron mheasadh a tha sinn a' liubhairt ann an sgoiltean, ann an colaistean, agus ann an ionnsachadh san ionad-obrach. Cuideachd, tha obair-gnìomhachais ùghdarras a' stèidheachadh agus a' gleidheadh bhunan-tomhas do bhuidhnean-dhuaisean agus do bharrantasan ùghdarrasail, mar Barrantasan Dreuchdail na h-Alba.

Mar tha SQA ag obair

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1996 a' foillseachadh oibrichean-gnìomhachais SQA. Tha SQA ag obair còmhla ri co-oibrichean anns na Sgoiltean agus Stiùirichean-ionnsachaidh Fad-bheatha airson an amasan a leasachadh agus ann a bhith a' liubhairt uile oibrichean-gnìomhachais agus sheirbheisean na buidhne.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' suidheachadh Bòrd-stiùiridh SQA, air a bheil uallach sùil a chumail air obair SQA. Tha am Bòrd a' suidheachadh dòigh roinn-ùghdarrasail na buidhne tro lèirmheas làidir agus aonta ri na Planaichean Corporra agus Gnìomhachais, a tha air an cur a-steach gu Ministearan Albannach.

Gàidhlig ann an raon-obrach SQA

Bho chionn fhada tha creideamh dhùrachdach air a bhith aig SQA (agus aig na buidhnean a bha ann romhpa) ann an cànan na Gàidhlig. Tha Teisteanasan Nàiseanta airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig rim faotainn aig Ìre-steach 3, Ìre Choitcheann, Eadar-mheadhan 1, Eadar-mheadhan 2, Àrd Ìre agus Sàr Àrd Ìre. An-dràsta tha SQA a' toirt bharrantasan gu ìre san roinn adhartach agus àrd ann an Alba airson dèanamh cinnteach gu bheil feuman na coimhearsnachd a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus ag obair air an còmhach aig gach ìre fileantachd sa chànan. Tha fiosrachadh nas mionaidiche mu seo ann an Eàrr-ràdh 1.

Cuideachd an-dràsta tha grunn dheuchainnean aig an Ìre Choitcheann rim faotainn bho SQA tro mheadhan na Gàidhlig: Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Nuadh-eòlas. Tha seòrsachan ùra de inntigeachd, de bharrantasachd de eadar-theangachadh agus de chomharrachadh airson nan cùrsaichean seo gan leasachadh a-nise a thuilleadh air gealltanais raon nan cuspair a tha rim faotainn a leudachadh. Tha an earrann seo bho Chunntas-sluaigh 2001 a' foillseachadh nam prìomh leasachaidhean a thug buaidh air obair Ghaidhlig SQA:

'Figures published in **Scotland's Census 2001 — Gaelic Report** show that, in 2001, over 92,000 people in Scotland (just under 2 per cent of the population) had some Gaelic language ability and that almost half of these people lived in Eilean Siar, Highland or Argyll and Bute.'

The figures were in a report published ... by the Registrar General for Scotland about the use of Gaelic in Scotland drawn from the 2001 and 1991 Censuses.

Duncan MacNiven, Registrar General for Scotland, said, 'This report, based on detailed analysis of the 2001 Census, shows that Gaelic is thriving as well as declining. The number of Gaelic speakers fell by 7,300 during the 1990s. However, the number of Gaelic readers increased by 3,200 and the number of people able to write in Gaelic rose by 3,100.

'The Census suggests that Gaelic is declining in its traditional heartlands, particularly in the Western Isles, but growing in many other parts of Scotland — and among young people. Around 430 more young people, aged five to nine, could speak Gaelic in 2001 than in 1991. It is moving from being an oral language to being a language spoken, read and written.'

'The main findings are:

- ◆ 92,400 people (1.9 per cent of the population) had some Gaelic language ability in 2001.
- ◆ More people with Gaelic language ability lived in Eilean Siar (18,420), Highland (18,360) and Argyll & Bute (6,520) than in any other council areas.
- ◆ The number of people who were able to speak Gaelic declined by 11 per cent between 1991 and 2001. The number who could read Gaelic increased by seven and a half per cent, and the number who were able to write Gaelic increased by 10 per cent over the same period.
- ◆ The number of people who could speak, read or write Gaelic **fell** by 3,800 (six per cent) between 1991 and 2001, while the number with more extensive Gaelic ability — those who could speak, read and write the language — **rose** by 1,800 (six per cent) over the same period.
- ◆ 63 per cent of those people who had some Gaelic language ability were Gaelic speakers in 2001, while 29 per cent could understand Gaelic but could not speak, read or write it.
- ◆ Levels of Gaelic speaking increased between 1991 and 2001 for those aged between five and nine, despite falls for these ages in the chief Gaelic heartlands of Eilean Siar and Skye & Lochalsh.
- ◆ In 2001, the average age of Gaelic speakers was approximately five years and eight months higher than the population as a whole.
- ◆ 72 per cent of people living in Eilean Siar had Gaelic language ability in 2001, the highest of any local authority area in Scotland.
- ◆ Outwith the main Gaelic areas, only around one per cent of the population had any Gaelic language ability in 2001.

'Tha figearan air am foillseachadh ... a' sealltainn gu robh, ann an 2001, beagan comais sa Ghàidhlig aig còrr air 92,000 duine an Alba (dìreach beagan nas lugha na 2 sa cheud den àireamh-sluaigh) agus gu robh faisg air dàrna leth nan daoine sin a' fuireach anns na h-Eileanan Siar, sa Ghàidhealtachd no an Earra-Ghàidheal & Bhòid.'

Bha na figearan ann an **aithisg** a chaidh fhoillseachadh ... le Clàradair na h-Alba mu chleachdadh na Gàidhlig an Alba, air an toirt bho Chunntasan-sluaigh 2001 agus 1991.

Thuir Donnchadh MacNìbhein, Clàradair na h-Alba: 'Tha an aithisg seo, a tha stèidhichte air mion-sgrùdadh de Chunntas-sluaigh 2001, a' sealltainn gu bheil piseach agus crìonadh a' tighinn air a' Ghàidhlig. Thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig 7,300 rè nan 1990an. Ach, mheudaich an àireamh de dhaoine a bha a' leughadh Gàidhlig 3,200 agus dh'èirich an àireamh de dhaoine comasach air sgrìobhadh ann an Gàidhlig 3,100.

'Chithear bhon Chunntas-sluaigh gu bheil a' Ghàidhlig a' crìonadh anns na prìomh sgìrean thraidiseanta aice, gu sònraichte sna h-Eileanan Siar, ach a' fàs ann an iomadh pàirt eile de dh'Alba – agus am measg òigridh. B' urrainn do mu 430 a bharrachd de dh'òigridh, aois còig gu naoi, Gàidhlig a bhruidhinn ann an 2001 na ann an 1991. Tha i a' gluasad bho bhith na cainnt-beòil gu bhith na cànan a thathar a' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh.'

'S iad na prìomh thoraidhean:

- ◆ Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 92,400 daoine (1.9 sa cheud den àireamh-sluaigh) ann an 2001.
- ◆ Bha barrachd dhaoine le comas sa Ghàidhlig a' fuireach sna h-Eileanan Siar (18,420), Roinn na Gàidhealtachd (18,360) agus Earra-Ghàidheal & Bòid (6,520) na ann an roinn comhairle sam bith eile.
- ◆ Chaidh an àireamh comasach air Gàidhlig a bhruidhinn sìos 11 sa cheud eadar 1991 agus 2001. Mheudaich an àireamh a b' urrainn Gàidhlig a leughadh seachd gu leth sa cheud agus mheudaich an àireamh comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh 10 sa cheud anns an aon ùine.
- ◆ **Thuit** an àireamh de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh gu 3,800 nas lugha (sia sa cheud) eadar 1991 agus 2001, agus **dh'èirich** an àireamh le comas Gàidhlig nas motha, a b' urrainn an cànan a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh gu 1,800 a bharrachd (sia sa cheud) anns an aon ùine.
- ◆ Ann an 2001 b' e luchd-labhairt Gàidhlig a bha ann an 63 sa cheud de dhaoine aois a trì & os a chionn le beagan comais sa Ghàidhlig, agus bha 29 sa cheud comasach air Gàidhlig a thuigsinn ach cha robh air a bruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.
- ◆ Mheudaich ìrean labhairt Gàidhlig eadar 1991 agus 2001 do dhaoine aois eadar còig agus naoi, ged a bha tuiteam airson nan aoisean sin ann am prìomh sgìrean Gàidhlig nan Eilean Siar agus an Eilein Sgitheanaich & Loch Aillse.
- ◆ Ann an 2001, bha luchd-labhairt Gàidhlig timcheall air còig bliadhna agus ochd mìosan na bu shine na ball cuibheasach den àireamh-sluaigh.

- ◆ The number and percentage of people speaking Gaelic in Eilean Siar fell between 1991 and 2001 for all age groups.'

A Gaelic Assessment Panel has operated within SQA and its predecessor bodies for decades. Their advice on assessment issues and in relation to wider issues affecting Gaelic education and its status in Scotland has been invaluable in informing the development of sound language planning principles within the organisation.

Outwith the qualifications sector, SQA has also been able to provide a strong level of support to the language with its widely-used publication *Gaelic Orthographic Conventions*, and a continuing and high-level commitment to the language from its Corporate Services Directorate.

Approval of SQA's Gaelic Language Plan

Engagement with the Gaelic and Gaelic-medium teaching professionals in schools and colleges throughout Scotland is essential to the success of SQA's Gaelic Education Strategy. SQA submitted its Gaelic Language Plan for approval to Bòrd na Gàidhlig in November 2009, following consultation with key stakeholders.

- ◆ Ann an 2001, bha comas sa Ghàidhlig aig 72 sa cheud de dhaoine a bha a' fuireach anns na h-Eileanan Siar, na b' àirde na roinn ùghdarras ionadail sam bith eile an Alba.
- ◆ Taobh a-muigh nam prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig, b' e dìreach aon sa cheud den àireamh-sluaigh aig an robh comas sam bith sa Ghàidhlig ann an 2001.
- ◆ Thuit an àireamh agus an àireamh sa cheud de dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar eadar 1991 agus 2001 airson a h-uile buidheann-aoise.'

Tha Pannal-measaidh Gàidhlig air a bhith ag obair aig SQA agus aig na buidhnean a bha ann romhpa fad dheicheadan. Tha an comhairle mu ghnòthaichean measaidh agus mu nithean nas fharsainge a tha a' beantainn ri foghlam Gàidhlig air a bhith air leth luachmhor a thaobh leasachadh air prionnsapalan glìce planadh cànan sa bhuidheann.

A thuilleadh air an raon theisteanasan, tha comas air a bhith aig SQA taic làidir a thoirt don chànan tron fhoillseachadh 'Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig' a thathar a' cleachdadh gu farsaing, agus le creideas leantainneach don chànan aig àrd-ìre bho Stiùirichean Seirbheis Chorpóra.

Aonta ri Plana Cànan Gàidhlig SQA

Tha ceangalan ri luchd-teagaisg Gàidhlig agus luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean agus ann an colaistean air feadh Alba riatanach a thaobh Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig SQA. Chuir SQA am Plana Cànan Gàidhlig airson aonta gu Bòrd na Gàidhlig san t-Samhain 2009, an dèidh conaltradh le prìomh luchd-cleachdaidh.

2 SQA's corporate commitments, values and targets

In its statutory *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans*, Bòrd na Gàidhlig notes that creating the right environment for the use of Gaelic in public life is one of the key components of language regeneration. The Bòrd has identified four core areas of service delivery that it wishes public bodies to address when preparing Gaelic Language Plans:

Identity:	corporate identity signage
Communications:	reception telephone mail and e-mail forms public meetings complaints procedures
Publications:	public relations and media printed material websites exhibitions
Staffing:	training language learning recruitment advertising

This section of the Plan will detail SQA's corporate commitments, values and targets in relation to the Bòrd's *Guidance on Development of Gaelic Language Plans*.

Identity

Rationale

The presence of Gaelic in the corporate identity and signs of a public authority greatly enhances the visibility of the language, increases its status and makes an important statement about how Gaelic is valued and how it is given recognition. Developing the use of Gaelic through signage can also enrich the vocabulary of Gaelic users, raise public awareness of the language and contribute to its development.

SQA recognises the importance of extending the visibility of Gaelic and increasing its status.

2 Ceangalan corporra, feabhas luachan agus targaidean SQA

Na stiùireadh laghail air Leasachadh Phlanaichean Cànanain Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gur e suidheachadh ceart a chruthachadh airson Gàidhlig a chleachdadh ann am beatha phoblach aon de na prìomh phàirtean de ath-nuadhachadh cànanain. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de liubhairt seirbheis a shònrachadh air a bheil e ag iarraidh air buidhnean poblach cnuasachadh nuair tha iad ag ullachadh Planaichean Cànanain Gàidhlig:

Dearbh-aithne:	dearbh-aithne corporra soidhneachadh
Conaltradh:	fàilteachas teleafòn post agus post-d foirmean coinneamhan poblach modhan gearain
Foillseachaidhean:	ceangalan poblach agus na meadhanan stuth clò-bhuailte làraich-lìn taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	trèanadh ionnsachadh cànanain fastadh sanasachd

Cuiridh a' chuibhreann seo den Phlana an cèill gu mionaideach ceangalan corporra, feabhas luachan agus targaidean SQA a thaobh 'Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Cànanain Gàidhlig' a' Bhùird.

Dearbh-aithne

Adhbharan

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne corporra agus ann an soidhnichean ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri lèireas a' chànain, a' leudachadh a h-inbhe agus ag innse nì cudromach mun luach a thathar a' cur air Gàidhlig agus mu mar a tha i a' faotainn aithneachadh. Cuideachd is urrainn do leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean saidhbheas fhacail a bhuileachadh air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus mothachadh poblach air a' chànain àrdachadh agus a leasachadh a chuideachadh.

Tha SQA mothachail air cho cudromach 's a tha e lèireas na Gàidhlig a leudachadh agus a h-inbhe àrdachadh.

	Function	Planned Activity	Implemented by end of Year		
			1	2	3
Identity	Letterheads and compliments slips	We will devise a new bilingual letterhead to be used in all sites.	✓		
	Business cards	We will move towards bilingual business cards across the business in all areas.		✓	
Signage	Signage and logo	We will introduce bilingual signage in SQA receptions at all sites, buildings and car parks highlighting our Gaelic policy and the availability of staff to deal with enquiries in Gaelic. SQA's logo will continue to be displayed in its current format. This is in line with guidance contained in the SQA publication <i>Gaelic Orthographic Conventions</i> .	✓		

Communications

Rationale

The use of Gaelic at the initial point of contact that members of the public have with a public authority increases the visible and audible presence of the language, and contributes to the sense that the use of Gaelic is possible and welcome. In addition to raising the profile of the language, it also creates opportunities for its practical use and encourages members of the public to use Gaelic in subsequent dealings with the public authority.

The use of Gaelic in interactions with the authority by mail, e-mail and by telephone is important in creating practical opportunities for the use of the language, and in contributing to the sense that its use is possible and welcome. The presence of Gaelic in a wide range of bilingual forms and Gaelic-only forms can also greatly enhance the visibility and prestige of the language. The preparation of Gaelic versions of forms, applications and similar documents, can also assist in expanding the range of Gaelic terminology and the awareness of the Gaelic-speaking public of such terminology, thus helping the development of the language itself.

SQA recognises the importance of creating opportunities for the practical use of Gaelic in a wide range of everyday situations and is committed to increasing its level of provision in this area.

	Obair- gnìomha- chais	Obair san amharc	An sàs ro dheireadh bliadhna		
			1	2	3
Dearbh-aithne	Cinn litri- chean agus bileagan dùrachd	Deasaichidh sinn ceann-litreach ùr dà-chànanach a chleachdar anns gach ionad	✓		
	Cairtean- gnothaich	Gluaisid sinn gu cairtean-gnothaich dà-chànanach air feadh gach gnothach anns gach raon		✓	
Soidhneachd	Soidh- neachd agus logo	Bheir sinn soidhnichean dà-chànanach a-steach aig SQA anns gach ionad, togalach agus pàircean chàraichean a' daingneachadh ar Poileasaidh Gàidhlig agus comas luchd-obrach dèiligeadh ri ceistean ann an Gàidhlig Gleidhear SQA mar shuaicheantas air fhoillseachadh sa chruth a th' ann an-dràsta a rèir an stiùiridh a gheibhear ann an leabhran SQA <i>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</i> .	✓		

Conaltraidhean

Adhbharan

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad tadhal a tha aig buill den phoball ri ùghdarras poblach a' leudachadh làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneach a' chànain, agus tha e a' cur ris a' bheachd gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus fàilteach. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh inbhe a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh seaghach agus a' brosnachadh buill den phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean eile ris an ùghdarras phoblaich.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-oibrean ris an ùghdarras tron phost, tron phost-d agus tron teleafòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson an cànan a chleachdadh, agus airson cur ris a' bheachd gu bheil sin comasach agus fàilteach. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de chruthan dà-chànanach agus ann an cruthan Gàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri lèirseachd agus ri cliù a' chànain. Cuideachd faodaidh cruthan Gàidhlig de fhoirmean, thagraidhean agus de phàipearan coltach riutha sin taic a thoirt do raon briathrachas na Gàidhlig agus do mhothachadh luchd-labhairt poblach na Gàidhlig mu a leithid de bhriathrachas, mar sin a' cur taic ri leasachadh a' chànain fhèin.

Tha SQA mothachail air cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach na Gàidhlig ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha iad a' gealltainn ìrean chomasan san raon seo a leudachadh.

	Function	Planned Activity	Implemented by end of Year		
			1	2	3
Communication	Forms	Our most commonly used forms will be available in bilingual format.	✓		
	Reception	We will provide bilingual information in reception at all sites highlighting the availability of bilingual services/staff.		✓	
	Call Centre	We will introduce Interactive Voice Recognition options to our telephone system, providing advice on availability of bilingual staff and resources to deal with enquiries.	✓		
	Events	We provide bilingual copies of event scripts where requested in advance.	✓		
	Complaints	We will state clearly in our Complaints Policy, which is available online, that complaints can be submitted in Gaelic.			
	Meetings	We will continue to hold meetings in Gaelic where appropriate and will investigate the availability of simultaneous translation equipment and translators.			
	Mail and e-mail	We will provide bilingual signatures to all customer e-mails providing SQA's contact details.	✓		
All bulk e-mails will include a link to SQA's website with bilingual information on how to get information in Gaelic/communicate with SQA in Gaelic.		✓			

Publications

Rationale

The use of Gaelic in a range of printed material can assist Gaelic development in a variety of ways. It helps increase the visibility of the language, it enhances Gaelic's status by being used in high-profile publications, and it can help develop new, and enhance existing, terminology. The use of Gaelic in the media helps demonstrate a public authority's commitment to making important information available through the medium of Gaelic, as well as enhancing the visibility and status of the language. As more people access information about public authorities through their websites, making provision for the use of Gaelic can significantly enhance the status and visibility of the language.

	Obair-gnìomha-chais	Obair san amharc	An sàs ro dheireadh bliadhna		
			1	2	3
Conaltradh	Foirmean	Bidh ar foirmean as cumanta rim faotainn gu dà-chànanach.	✓		
	Fàilteachas	Bheir sinn seachad fiosrachadh dà-chànanach aig fàilteachas a' sònrachadh cothrom air seirbheisean/luchd-obrach dà-chànanach.		✓	
	Ionad-glaodhaidh	Tòisichidh sinn air taghaidhean Aithneach-gutha Eadar-oibre nar seirbheis teleafòin mu luchd-obrach dà-chànanach a tha rim faotainn gus dèiligeadh ri ceistean.	✓		
	Tachartasan	Bheir sinn seachad lethbhreacan de sgrìobtan dà-chànanach nuair dh'iarrar iad ro-làimh.	✓		
	Gearanan	Innsidh sinn gu soilleir nar Poileasaidh Ghearanan, a gheibhear air-loidhne, gu faodar gearanan a chur a-steach ann an Gàidhlig.			
	Coinneamhan	Leanaidh sinn oirnn a' cumail choinneamhan ann an Gàidhlig nuair tha sin iomchaidh agus rannsaichidh sinn mu chomasan air uidheam eadar-theangachaidh a dh'aon àm agus eadar-theangairean.			
	Post agus post-d	Cuiridh sinn làmh-sgrìobhaidh dà-chànanach ri gach post-d bho gach neach le prìomh fhiosrachadh mu chonaltradh ri SQA.	✓		
	Anns gach post-d tomadach bidh ceangal ri làrach-lìn SQA le fiosrachadh dà-chànanach mu ciamar a gheibhear fiosrachadh ann an Gàidhlig/conaltradh ri SQA ann an Gàidhlig.	✓			

Foilseachaidhean

Adhbharan

Cuidichidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth clò-bhuailte le Gàidhlig a leasachadh ann an caochladh dhòighean. Cuidichidh e le làireas a' chànain a leudachadh, àrdaichidh e inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann an clò-bhualaidhean cudromach, agus cuidichidh e le briathrachas ùr a leasachadh agus le briathrachas a tha ann cheana a leudachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' sealltainn rùn ùghdarras poblach a chum cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig, maille ri làireas agus inbhe a' chànain àrdachadh. Mar gheibh tuilleadh dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro an làraich-lìn, leudaichidh cleachdadh na Gàidhlig inbhe agus làireas a' chànain.

SQA is committed to increasing the use of Gaelic in these areas where the subject matter is of most interest to the general public or relates specifically to Gaelic issues.

	Function	Planned Activity	Implemented by end of Year		
			1	2	3
Publications	Advertising and exhibitions	We will re-design our range of stock adverts and develop bilingual and Gaelic corporate pop-up stands as appropriate.	✓		
	Public Relations and media	For stories that may interest the wider Gaelic community we will develop and issue bilingual press releases and arrange for a Gaelic speaker to be available for interviews.	✓		
	Printed materials	We will produce bilingual editions of: <i>Scottish Qualifications</i> booklet, <i>Customer Charter</i> leaflet, <i>Your Exams</i> booklet, <i>Gaelic Orthographic Conventions</i> booklet, the <i>Annual Review</i> and our top five general promotional leaflets.	✓		
	Websites	Addition of Gaelic link on homepage with a paragraph in Gaelic introducing community languages publication/website policy.	✓		
		Use of Gaelic and English web addresses to direct visitors to the site homepage.	✓		
		Use of Gaelic and English explanatory text on main feedback forms on website.	✓		
		Addition of Gaelic link on homepage to paragraph in Gaelic introducing community languages publication policy relating to secure materials.	✓		
		Use of Gaelic language headers on Gaelic language qualification pages.	✓		

Tha SQA a' gealltainn cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh anns na raointean sin nuair tha ùidh aig a' phoball sa chuspair no nuair tha an cuspair gu sònraichte a' beantainn ri gnothaichean Gàidhlig.

	Obair-gnìomha-chais	Obair san amharc	An sàs ro dheireadh bliadhna		
			1	2	3
Foillseachaidhean	Sanasachd agus taisbeanaidhean	Nì sinn ath-dheilbh air ar raon de shanasan cumanta agus cruthaichidh sinn ionadan-foilseachaidh dà-chànanach agus Gàidhlig airson an cleachdadh mar a bhios iomchaidh.	✓		
	Dàimh poblach agus meadhanan	A thaobh naidheachdan Gàidhlig sònraichte anns am bi ùidh aig a' choimhearsnachd Ghàidhlig leasaichidh sinn agus sgaoilidh sinn sansasan naidheachd anns an dà chànan (Gàidhlig 's Beurla) agus bidh cothrom air neach-labhairt Gàidhlig airson agallamhan.	✓		
	Stuthan clò-bhuailte	Ullaichidh sinn lethbhreacan dà-chànanach de: leabhran <i>Teisteanasan Alba</i> , bileag <i>Cairt Luchd-dèiligidh</i> , leabhran <i>Do Dheuchainnean</i> , leabhran <i>Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig</i> , an <i>Lèirmheas Bhliadhnail</i> agus ar prìomh còig bileagan-follaisidh coitcheann.	✓		
	Làraich-lìn	Ceangal Gàidhlig a chur ri ar prìomh dhuilleig a' ceangal duilleag ri earrann ann an Gàidhlig a' toirt a-steach poileasaidh-foilseachaidh chànanan coimhearsnachd / làrach-lìn.	✓		
		Cleachdadh seòlaidhean Gàidhlig agus Beurla airson luchd-tadhail a stiùireadh gu prìomh dhuilleag na làraich.	✓		
		Cleachdadh teacsa-mìneachaidh Gàidhlig agus Beurla air prìomh fhoirmean aiseòlais air làrach-lìn.	✓		
		Ceangal Gàidhlig air prìomh dhuilleig a' ceangal ri earrann ann an Gàidhlig a' cur aithne air poileasaidh mu fhoillseachadh chànanan coimhearsnachd an lùib stuthan glèidhte.	✓		
		Cleachdadh cinn Ghàidhlig air duilleagan theisteanasan Gàidhlig.	✓		

Staffing

Rationale

To deliver services through the medium of Gaelic, it is necessary to develop the requisite job skills and language skills of staff. The provision of language learning for staff helps promote adult Gaelic learning and promotes Gaelic as a useful skill in the workplace. The identification of jobs in which Gaelic is a designated skill will contribute greatly to the status of the language and to identifying it as a positive skill to acquire. The appointment of a Qualifications Co-ordinator for Gaelic has been an important factor in the production of this Plan.

The use of Gaelic in advertising also helps recognise that Gaelic should be used in public life and that Gaelic speakers have an important role to play within a public authority. Whatever the level of Gaelic skills required, it is important that authorities ensure that Gaelic is a genuine occupational requirement. Authorities should adopt and apply objective criteria to ensure appointments are made in each case on a fair and consistent basis, and reflect the identified skills needs of the post.

SQA recognises the importance of seeing Gaelic as an important job skill and of identifying situations in which its use is essential or desirable. SQA also recognises the importance of enabling staff to develop their Gaelic skills if they wish to do so.

	Function	Planned Activity	Implemented by end of Year		
			1	2	3
Staffing	Awareness training	We will develop a guidance note for staff providing background information on Gaelic issues that are relevant to SQA and include this in new staff inductions.	✓		
	Language learning	We will provide language training to staff involved in the implementation of SQA's Gaelic Language Plan and in Gaelic development activities.	✓		
	Recruitment	We will include reference to SQA's Gaelic Language Plan in our recruitment documentation.	✓		
	Recruitment advertising	We will include reference to SQA's Gaelic Language Plan in our recruitment advertising documentation.	✓		
	Staff audit	We will undertake staff audits to establish and maintain a skills database to support our activities and to track, specifically, the number of Gaelic-speaking staff, the number of staff learning Gaelic, the number of staff who want to learn Gaelic, and finally the number of staff who can speak, read <i>and</i> write Gaelic.	✓		

Luchd-obrach

Adhbharan

Airson seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, feumar sgilean-obrach agus sgilean-cànain riatanach luchd-obrach a leasachadh. Tha cothroman do luchd-obrach air cànan ionnsachadh na chuideachadh air ionnsachadh na Gàidhlig a leudachadh agus a' cur Gàidhlig air adhart mar chomas feumail san ionad-obrach. Bidh sònrachadh oibrichean anns a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ga h-ainmeachadh mar sgil air leth a bhios ri faotainn. Bha suidheachadh Co-òrdanaiche Theisteanas airson Gàidhlig na nì cudromach ann a bhith ag ullachadh a' Phlana seo.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' sealltainn gur còir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt ann an ùghdarras poblach. Gu air bith dè an ìre aig a bheil feum air sgilean Gàidhlig tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinntezach gu bheil Gàidhlig na fìor fheum ann an dreuchd. Is còir do ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais cuspaireach agus an cur an sàs airson a bhith cinnteach gun cuirear daoine ann an dreuchdan gach turas air bunait a tha cothromach agus seasmhach, agus gu bheil iad a rèir sgilean aithnichte na dreuchd.

Tha SQA mothachail air gu bheil e cudromach Gàidhlig fhaicinn mar sgil-obrach brioghmhor agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil i riatanach agus ion-mhiannaichte. Cuideachd tha SQA mothachail air gu bheil e cudromach cothrom a thoirt do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh mas miann leotha sin a dhèanamh.

	Obair-gnìomhachais	Obair san amharc	An sàs ro dheireadh bliadhna		
			1	2	3
Luchd-obrach	Trèanadh mothachaidh	Ullaichidh sinn nota-stiùiridh do luchd-obrach le fiosrachadh mu ghnothaichean Gàidhlig a tha beantainneach ri SQA agus a bhios mar phàirt de shuidheachadh luchd-obrach.	✓		
	Ionnsachadh cànan	Bheir sinn trèanadh cànan do luchd-obrach a bhios an sàs ann an coileanadh Plana Cànan Gàidhlig SQA agus ann an oibrichean-leasachaidh Gàidhlig.	✓		
	Fastadh	Cuiridh sinn iomradh mu Phlana Cànan Gàidhlig SQA nar pàipearan-fastaidh.	✓		
	Sanasan fastaidh	Cuiridh sinn iomradh mu Phlana Cànan Gàidhlig SQA nar sanasan-fastaidh.	✓		
	Sgrùdadh luchd-obrach	Gabhaidh sinn os làimh sgrùdaidhean luchd-obrach airson stòr-data de sgilean a shuidheachadh 's a ghleidheadh airson taic a chur ris a' ghiomhachadh an seo-shuas agus airson, gu sònraichte, àireamh luchd-obrach le Gàidhlig a chomharrachadh, agus an àireamh a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus mu dheireadh an àireamh luchd-obrach a bhruidhinneas, a leughas agus a sgrìobhas Gàidhlig.	✓		

3 Gaelic education policy and implementation of the National Plan for Gaelic in SQA

Introduction

SQA is committed to ensuring that the National Gaelic Education Strategy contained in the National Plan for Gaelic is implemented. This section sets out how we will achieve that aim. SQA recognises that the various priority areas identified in the National Plan for Gaelic will be primarily implemented through our Gaelic Language Plan, but that opportunities will arise to promote and develop the language through existing policy measures.

SQA will examine current policy commitments to identify areas where Gaelic can be actively incorporated and the priorities of the National Plan for Gaelic initiated through additional methods. We see this development as corresponding to the normalisation principle which aims to include Gaelic as an everyday part of life in Scotland and we will be required to take account of Gaelic and our Gaelic Language Plan when drafting new policies and considering new strategies.

In addition to detailing the national priorities for Gaelic education, the National Plan for Gaelic identifies four interlinking aspects of language development that need to be addressed: **Acquisition, Status, Usage** and **Corpus**. Within these, it sets out a number of action areas (see Appendix 2). Our educational remit has a bearing on all four key aspects.

The aim of this chapter is therefore to illustrate how, specifically, SQA's **educational** aims for Gaelic will be an essential factor, not just in addressing these aspects of language development, but in ensuring the sustainability of both its own Gaelic Language Plan and the National Gaelic Education Strategy as laid out in the National Plan for Gaelic.

It will be necessary for SQA to remain an active member on Bòrd na Gàidhlig's National Gaelic Education Steering Group (NGESG) and working groups, to ensure the needs of the Gaelic sector are represented in all areas of Qualifications Development.

The national priorities for Gaelic education (which are set out in the National Gaelic Education Strategy, as laid out in the National Plan for Gaelic) that have greatest impact on SQA's function are:

3 Poileasaidh Foghlaim Gàidhlig agus coileanadh Plana Nàiseanta Gàidhlig le SQA

Ro-ràdh

Tha SQA ag iarraidh a bhith cinnteach gun coileanar an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlaim a tha sa Phlana Nàiseanta Ghàidhlig. Tha an roinn seo a' foillseachadh ciamar a choileanas sinn an t-amas sin. Tha SQA mothachail gum bi a' mhòrchuid de na prìomh raointean a chaidh a shònrachadh sa Phlana Nàiseanta Ghàidhlig air an coileanadh tro ar Plana Cànan Gàidhlig ach gu nochd cothroman airson an cànan a leudachadh agus a leasachadh tro dhòighean poileasaidh a tha againn an-dràsta.

Sgrùdaidh SQA gealltanasan poileasaidh làithreach airson raointean a shònrachadh anns an gabh Gàidhlig a thoirt a-steach gu gnìomhach agus tùs-chothroman Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt air adhart ann an dòighean a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo mar nì a tha a rèir a' phrionnsapail ghnàthaich a tha ag amas air Gàidhlig a bhith na pàirt làitheil na beatha ann an Alba agus feumaidh sinn a bhith mothachail air Gàidhlig agus air ar Plana Cànan Gàidhlig nuair nì sinn dreachd de phoileasaidhean ùra agus a bhios sinn a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Maille ri bhith a' cur nan tùs-chothroman nàiseanta airson foghlam Gàidhlig an cèill gu mionaideach, tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' sònrachadh ceithir nithean naisgte mu leasachadh cànan ris am feumar sealltainn: **Ionnsachadh**, **Inbhe**, **Cleachdadh** agus **Cruinneachadh**. Annta sin, tha e a' foillseachadh grunn raointean gnìomhachais (faic Eàrr-ràdh 2). Tha buaidh aig ar n-obair air gach aon de na ceithir nithean.

Mar sin is e amas na caibideil seo sealltainn ciamar, gu sònraichte, a bhios amasan **foghlaim** SQA nan nì riatanach chan ann a-mhàin ann a bhith a' beachdachadh air na nithean seo co-cheangailte ri leasachadh cànan ach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun cumar suas am Plana Cànan Gàidhlig fhèin agus an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlaim airson Gàidhlig mar tha e air a chur a-mach sa Phlana Nàiseanta Ghàidhlig.

Feumaidh SQA fuireach nam ball gnìomhach air Buidheann-stiùiridh Nàiseanta agus air Buidhnean-obrach Bòrd na Gàidhlig airson a bhith cinnteach gum bi feuman na roinne Gàidhlig air an riochdachadh anns gach raon de Leasachadh Theisteanasan.

Is iad na tùs-chothroman airson foghlam Gàidhlig (a tha foillsichte san Ro-innleachd Nàiseanta Foghlaim airson Gàidhlig, mar tha iad air an cur a-mach sa Phlana Nàiseanta Ghàidhlig) aig a bheil a' bhuaidh as motha air obair SQA:

Expansion of Gaelic-medium education (GME) at pre-school, primary and secondary levels

‘Gaelic-medium education (GME) has been one of the most rapidly developing sectors of Scottish education since the first Gaelic-medium primary classes were opened in Sir John Maxwell Primary School in Glasgow and Central Primary in Inverness in 1985. The establishment of GME in both these schools heralded an unprecedented parental demand for similar provision across Scotland.’

National Plan for Gaelic, Annexe A, p51

SQA endeavours to support GME candidates indirectly at Primary level by a variety of means. At secondary level SQA currently makes a number of Standard Grade examinations available through the medium of Gaelic: Geography, History, Mathematics and Modern Studies. New models of entry, translation, marking and certification for these courses are now being developed in conjunction with other similar projects in SQA.

There is an added commitment to extend the range of Gaelic-medium examinations within a clearly specified and practicable range of subjects, to be determined in consultation with Bòrd na Gàidhlig’s national working group on Gaelic-medium Secondary Curriculum Design.

Action	SQA Directorate	Timescale
In line with recommendations received from Bòrd na Gàidhlig’s national working group for the secondary curriculum, expand range of National Courses available in the medium of Gaelic within a clearly specified, practicable range of subjects.	Qualifications Development	1–3 years
Develop appropriate software to enable centres to register candidates directly for Gaelic-medium qualification options, and to investigate the development of certification options indicating that a course was undertaken in the medium of Gaelic.	Operations	1–5 years
Develop new operational practice to support and increase numbers of translators, markers and other examining team members to ensure standardisation and quality assurance.	Qualifications Development/ Operations	1–5 years

Leudachadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) aig ìrean ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile

‘Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) air a bhith air aon de na raointean as luaithe a leasaich ann an foghlam na h-Alba bho dh’fhosgail na ciad chlasaichean bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Sir Iain Maxwell an Glaschu agus ann am Bun-sgoil a’ Mheadhain ann an Inbhir Nis ann an 1985. Bha gun deach FTMG a shuidheachadh san dà sgoil sin na chomharrach air iarrtas gun choimeas bho phàrantan airson a leithid de ghòireas air feadh Alba.’

Plana Nàiseanta na Gàidhlig, Iar-sgrìobhadh A, td 51

Tha SQA a’ feuchainn ri taic a thoirt do thagraichean FTMG aig ìre Bun-sgoile ann an caochladh dhòighean. Aig ìre Àrd-sgoile tha SQA an-dràsta a’ tairgsinn grunn dheuchainnean aig an ìre Choitchinn ann am meadhan na Gàidhlig: Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Nuadh-eòlas. Cuideachd an-dràsta tha grunn dheuchainnean aig an ìre Choitchinn rim faotainn bho SQA tro mheadhan na Gàidhlig: Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Nuadh-eòlas. Tha seòrsachan ùra de inntreigeadh, de bharrantasachd de eadar-theangachadh agus de chomharrachadh airson nan cùrsaichean seo gan leasachadh a-nise an co-bhonn ri pròiseactan eile den leithid le SQA.

Tha gealltanais a bharrachd ann raon dheuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh a’ gabhail a-steach raon chuspairean a bhios air an sònrachadh gu soilleir agus a bhios so-dhèanta, a bhios air an sònrachadh ann an conaltradh ri buidheann-obrach nàiseanta Bòrd na Gàidhlig, ‘Curraicealam Gàidhlig Àrd-sgoile’.

Gnìomh	Luchd-stiùiridh SQA	Ùine
An co-chòrdadh ri molaidhean bho bhuidheann-obrach nàiseanta Bòrd na Gàidhlig air curraicealam àrd-sgoile, leudaich raon Chùrsaichean Nàiseanta a gheibhear tro mheadhan na Gàidhlig a’ gabhail a-steach raon chuspairean a bhios air an sònrachadh gu soilleir agus a bhios so-dhèanta.	Leasachadh Theisteanasan	1–3 bliadhna
Ullaich bathair-bog freagarrach airson cothrom a thoirt do ionadan tagraichean a chlàradh gu dìreach airson roghainnean theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig a’ sealltainn gun deach cùrsa a ghabhail os làimh tro mheadhan na Gàidhlig.	Gnìomhachasan	1–5 bliadhna
Ullaich dòigh-gnìomhachais ùr airson taic a chur ri agus àireamhan eadar-theangairean, luchd-comharrachaidh agus buill eile de sgiobadh luchd-sgrùdaidh a leudachadh airson a bhith cinnteach à bun-tomhasachd agus cinnt à deaghghnè.	Leasachadh Theisteanasan / Gnìomhachasan	1–5 bliadhna

Ensure the needs of the Gaelic-medium sector are reflected with appropriate provision within the National Assessment Resource (NAR) for both primary and secondary sectors, as well as FE colleges.	Qualifications Development	ongoing
Ensure needs of Gaelic-medium sector are represented as agreed with Bòrd na Gàidhlig by forming a national key partner group for Curriculum for Excellence, developing qualifications to support the new curriculum.	Qualifications Development	1–3 years
Continue to investigate practice with examining authorities in Wales, Ireland and the rest of Europe.	Qualifications Development	ongoing

Expansion of Gaelic-learner education (GLE) in schools

‘Gaelic-learner education in primary and secondary schools is also an important aspect of Gaelic education developments. There have been significant increases in the number of pupils learning Gaelic as a subject in secondary schools in recent years.’

Extract, Annexe A, National Plan for Gaelic

In addition to the above group of candidates, SQA also provides a suite of qualifications for Gàidhlig as a subject in its own right, for fluent speakers of the language. It is very important to maintain and build on current provision for learners and fluent speakers of Gaelic, as well as expanding Gaelic-medium provision. Please see Appendix 1 for more information on candidate numbers and statistics.

Action	SQA Directorate	Timescale
As part of Curriculum for Excellence, continue Gaelic course provision (including stand-alone Units within the language stream) for both learners and fluent speakers. Liaise closely with Gaelic teaching profession in achieving this aim.	Qualifications Development	1–5 years
Mainstreaming of Gaelic subjects within other language development projects, eg Language for Vocational Purposes.	Qualifications Development	1–5 years

Dèan cinnteach gu bheil feuman an raoin tro mheadhan na Gàidhlig air an gabhail a-steach le cothroman freagarrach san Stòras Nàiseanta Measaidh (SNM) do raointean bun-sgoile agus àrd-sgoile, maille ri colaistean FA.	Leasachadh Theisteanasan	A' lean-tainn
Dèan cinnteach gu bheil feuman an raoin tro mheadhan na Gàidhlig air riochdachadh le aonta ri Bòrd na Gàidhlig le prìomh bhuidheann compàirt nàiseanta a staidheachadh airson Curraicealam airson Sàr-mhathas, a' leasachadh bharrantasan gus taic a chur ris a' churraicealam ùr.	Leasachadh Theisteanasan	1–3 bliadhna
Leanailteachd ann a bhith a' rannsachadh dhòighean-obrach ùghdarrasan dheuchainnean sa Chuimrigh, an Èirinn agus sa chòrr den Roinn Eòrpa.	Leasachadh Theisteanasan	A' lean-tainn

Leudachadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FL-iG) 's na sgoiltean

'Tha foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann am bun-sgoiltean 's ann an àrd-sgoiltean cuideachd na nì cudromach a thaobh leasachaidhean foghlaim ann an Gàidhlig. Tha leudachaidhean brìgheil san an àireamh sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chuspair ann an àrd-sgoiltean air gabhail àite rè nam bliadhnaichean bho chionn ghoirid.'

Earrann, Iar-sgrìobhadh A, Plana Nàiseanta na Gàidhlig

A thuilleadh air a' bhuidheann thagraichean an seo-shuas, tha SQA a' tairgsinn sreath de theisteanasan ann an Gàidhlig mar chuspair, do luchd-labhairt a tha fileanta sa chànan. Tha e glè chudromach gun gleidhear agus gu leudaichear air an tairgse a tha ann an-dràsta do luchd-ionnsachaidh agus do fhileantaich ann an Gàidhlig, maille ri bhith a' leudachadh tairgse tro mheadhan na Gàidhlig. Faic Eàrr-ràdh 1 airson tuilleadh fiosrachadh mu àireamhan thagraichean agus staitistic.

Gnìomh	Luchd-stiùiridh SQA	Ùine
Mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathas, lean le tairgse chùrsaichean Gàidhlig (maille ri aonadan neo-eisimeileach san t-sreath chànanan) do luchd-ionnsachaidh agus do fhileantaich. Dèan co-cheangal dlùth ri dreuchd na teagasg ann a bhith a' coileanadh an amais seo.	Leasachadh Theisteanasan	1–5 bliadhna
Cuspairean san t-sreath choitcheinn maille ri pròiseactan-leasachaidh cànan eile, me Cànan airson Adhbharan Dreuchdail.	Leasachadh Theisteanasan	1–5 bliadhna

Develop succession planning strategy for Gaelic examination teams to take account of projected increase in candidate numbers.	Qualifications Development, Operations	1–5 years
SQA to actively promote the fluent speakers (Gàidhlig) qualifications to candidates who have a recognised level of fluency in the language.	Qualifications Development	ongoing
SQA to continue links with national support networks for Gaelic teachers such as CLAS.	Qualifications Development	ongoing

Expansion of Gaelic education for adults and in vocational situations

‘Further and Higher Education institutions have a unique and wide-ranging contribution to make to the profile of Gaelic in Scotland’.

National Plan for Gaelic, Annexe A

SQA is committed to reviewing existing provision and addressing any gaps in the existing adult learners sector.

Action	SQA Directorate	Timescale
Review current Unit and Group Award provision across all SCQF (Scottish Credit and Qualifications Framework) levels, including Higher National SVQ provision.	Qualifications Directorate	1–3 years
Based on review, identify gaps in current provision and after appropriate consultation, develop targeted range of qualifications provision, Units and Group Awards to support adult language learning.	Qualifications Directorate	1–3 years
Establish college-based advisory group to consider adult Gaelic (Learners) and vocationally related areas.	Qualifications Directorate	1–3 years

The four language development aspects of Acquisition, Usage, Status and Corpus are intrinsic to the work in each of the three preceding sections but, for clarity, we are devoting a separate section to the development and support given to the Gaelic Language Corpus by SQA, embodied by the SQA publication *Gaelic Orthographic Conventions*.

Ullaich ro-innleachd leantainneach airson gum bi mothachadh aig sgiobaidhean dheuchainnean Gàidhlig air dùil ri leudachadh ann an àireamhan thagraichean.	Leasachadh Theisteanasan, Gnìomhachasan	1–5 bliadhna
SQA gu gnìomhach a’ cur air adhart theisteanasan fhileantach (Gàidhlig) do thagraichean aig a bheil tomhais de fhileantachd sa chànan cheana.	Leasachadh Theisteanasan	A’ leantainn
SQA a’ gleidheadh cheangalan ri lìonraidhean-taice nàiseanta do thidsearan Gàidhlig a leithid CLAS.	Leasachadh Theisteanasan	A’ leantainn

Leudachadh air foghlam Gàidhlig do inbhich agus ann an suidheachaidhean dreuchdail

‘Tha àite air leth agus farsaing aig buidhnean Àrd Foghlam agus Foghlam Adhartach ann a bhith ag àrdachadh iomhaigh na Gàidhlig ann an Alba’.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig, Iar-sgrìobhadh A

Tha SQA a’ gealltainn lèirmheas a dhèanamh air an tairgse a tha ann an-dràsta agus sùil a thoirt air beàrnan sam bith ann an raon inbheach luchd-ionnsachaidh.

Gnìomh	Luchd-stiùiridh SQA	Ùine
Lèirmheas air tairgse aonadan agus air buidhnean dhuaisean thar gach ìre aig SCQF, maille ri tairgse Àrd-ìre Nàiseanta SVQ.	Luchd-stiùiridh Theisteanasan	1–3 bliadhna
Stèidhichte air lèirmheas, sònraich beàrnan san tairgse, agus an dèidh conaltradh iomchaidh, ullaich raon amasail de thairgse theisteanasan, aonadan agus bhuidhnean dhuaisean gus taic a chur ri ionnsachadh cànan do inbhich.	Luchd-stiùiridh Theisteanasan	1–3 bliadhna
Stèidhich buidheann-comhairleachaidh le stèidh colaiste airson beachdachadh air raointean inbheach Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus raointean ceangailte ri foghlam dreuchdail.	Luchd-stiùiridh Theisteanasan	1–3 bliadhna

Tha na ceithir nithean-leasachaidh cànan – ionnsachadh, cleachdadh, inbhe agus cruinneachadh gnèitheach a thaobh obair anns na trì earrannan roimhe ach, airson a bhith soilleir, tha sinn a’ cur earrann air leth mu leasachadh agus mu thaic a thugadh le SQA do Chruinneachadh Cànan na Gàidhlig le SQA, mar gheibhear ann am foillseachadh SQA *Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig*.

Gaelic orthography

‘In 1976, the Scottish Certificate of Education Examination Board (SCEEB), at the request of its Gaelic Panel, set up a Sub-committee of the Panel to investigate issues related to Gaelic orthography. Inconsistencies in the standard of written Gaelic had been noted by SCEEB examiners and it was felt that guidelines should be created to ensure that an authoritative set of orthographic conventions was adopted by teachers and examination candidates. It was also important that examiners, setters and markers would use the document when dealing with Gaelic examination papers and scripts. The findings of the Sub-committee were published in 1981 in *Gaelic Orthographic Conventions* (GOC). This document has proved to be a valuable foundation for many areas of Gaelic development since then as Gaelic usage has expanded into different domains of public life in Scotland.’

Extract from introduction to *Gaelic Orthographic Conventions*

Action	SQA Directorate	Timescale
Publish <i>Gaelic Orthographic Conventions</i> in bilingual format.	Qualifications Development	1 year
Continue to liaise with Bòrd na Gàidhlig in relation to Gaelic terminology issues.	Qualifications Development	ongoing

The actions and commitments detailed in this chapter indicate the depth and extent of SQA’s developing projects and action plans, showing how each area impacts both on the national priorities of Acquisition, Usage, Language and Corpus and on the National Education Strategy for Gaelic.

SQA welcomes the opportunity to engage in national consultation, enabling the further development of these aims into realistic and achievable ambitions for the organisation’s support for the Gaelic language.

Litreachadh na Gàidhlig

'Ann an 1976, stèidhich an *Scottish Certificate of Examination Board* (SCEEB), mar thoradh air iarrtas bhon Phannal Gàidhlig, fo-chomataidh den Phannal airson gnothaichean co-cheangailte ri litreachadh na Gàidhlig a rannsachadh. Bha luchd-sgrùdaidh SCEEB mothachail air mì-chòrdaidhean ann an Gàidhlig sgrìobhte agus bhatar a' faireachdainn gum bu chòir stiùireadh a dheasachadh airson a bhith cinnteach gun gabhadh tidsearan agus sgoilearan ri gnàthachas-litreachaidh iomchaidh. Cuideachd, bha e cudromach gun cleachdadh luchd-sgrùdaidh, luchd-deasachaidh agus luchd-comharrachaidh am pàipear ann a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan agus ri sgrìobtan dheuchainnean.

Chaidh molaidhean na fo-chomataidh fhoillseachadh ann an 1981 sa phàipear *Gaelic Orthographic Conventions* (GOC). Tha am pàipear seo air a bhith na bhunait luachmhor ann an iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig bhon uair sin, agus cleachdadh na Gàidhlig a' leudachadh gu caochladh raointean de bheatha phoblach na h-Alba.'

Earrann bho ro-ràdh *Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig*

Gnìomh	Luchd-stiùiridh SQA	Ùine
Foillsich <i>Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig</i> ann an cruth dà-chànanach.	Leasachadh Theisteanasan	1 bhliadhna
Lean an co-cheangal ri Bòrd na Gàidhlig an lùib gnothaichean briathrachas Gàidhlig.	Leasachadh Theisteanasan	A' leantainn

Tha na gnìomhan agus na geallaidhean sa chaibideil seo a' cur an cèill doimhne agus meud pròiseactan-leasachaidh agus planaichean-gnìoma SQA, a' sealltainn mar a tha gach raon a' buadhachadh air tùs-chothroman nàiseanta – ionnsachadh, cleachdadh, cànan agus cruinneachadh – agus air Ro-innleachd Nàiseanta Foghlaim airson Gàidhlig.

Tha SQA a' cur fàilte air a' chothrom a bhith an sàs ann an conaltradh nàiseanta, a' dèanamh comasach tuilleadh leasachaidh air na h-amasan seo gu bhith nam miann chothromach agus builichte airson taic na buidhne don Ghàidhlig.

4 Implementation and monitoring

Timescales

This Gaelic Language Plan will formally remain in force for a period of five years from this date or until a new plan has been put in place. Target dates and notes of immediate action are monitored on a monthly basis by the lead officers on the Corporate Planning Team and on the Education Strategy Team.

Management

Overall responsibility: Dr Janet Brown, Chief Executive

The Chief Executive will be responsible for ensuring that SQA delivers on the commitments set out in this Plan.

Administrative arrangements for implementing the Gaelic Language Plan

This Plan is the policy of SQA and has been endorsed both by our Senior Management Team and Council members.

Publicising the Plan

SQA's Gaelic Language Plan will be published bilingually on its website. In addition, we shall:

- ◆ issue a press release announcing the Plan
- ◆ make copies of the Plan available in our public offices and reception areas
- ◆ make the Plan known to employees via SQA's intranet
- ◆ distribute copies of the Plan to our non-departmental public bodies and agencies, agents and contractors
- ◆ distribute copies of the Plan to Gaelic organisations
- ◆ distribute copies of the Plan to other interested bodies
- ◆ make copies available on request

Individual staff members

SQA staff will be informed of their involvement in Gaelic Language Plan actions and activities through the work of the corporate and education planning working groups, consisting of representatives of each division in SQA, in order to ensure that the timescales are adhered to. Please see the 'Contact details' section of the Plan on the final page of this chapter for details of lead officers.

Resourcing the Plan

SQA currently funds the activities outlined in this Plan, in respect of those services delivered, with support from Bòrd na Gàidhlig. Whilst it is envisaged that over the forthcoming two financial years SQA will move towards integrating its Gaelic activity

4 Buileachadh agus measadh

Tomhasan-ùine

Mairidh am Plana-cànain Gàidhlig seo gu foirmeil fad còig bliadhna bhon cheann-latha seo gus an tèid plana ùr a shuidheachadh. Tha cinn-latha thargaidean agus notaichean mu chiad ghnìomhan air am meas gach mìos le oifigearan-stiùiridh bhon Sgiobadh Planaidh Chorporra agus bhon Sgiobadh Ro-innleachd Foghlaim.

Stiùireadh

Cùram san Fharsaingeachd: Dr Seònaid NicIlleDhuinn, Àrd Oifigear

Bidh e an urra ris an Àrd Oifigear dèanamh cinnteach gun coilean SQA na geallaidhean a tha foillsichte sa Phlana seo.

Rèiteachaidhean Rianachd airson am Plana Cànan Gàidhlig a bhuileachadh

Is e am Plana seo polieasaidh SQA agus chaidh aontachadh ris le ar n-àrd sgiobadh rianachd agus le buill ar Comhairle.

Follaiseadh a' Phlana

Foillsichear Plana Cànan Gàidhlig SQA san dà chànan air ar làrach-lìn. Cuideachd:

- ◆ cuiridh sinn a-mach sanas mheadhanan a' cur a' Phlana an cèill
- ◆ bidh lethbhreacan den Phlana rim faotainn nar n-oifisean poblach agus nar n-ionadan-fàilteachaidh
- ◆ bheir sinn mothachadh mun Phlana fa chomhair luchd-obrach tro làrach-lìn prìomhaideach SQA
- ◆ sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana gu ar buidhnean poblach neo-roinneil agus gu ar buidhnean-ionaid, luchd-ionaid agus luchd-cùmhnant
- ◆ sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana gu buidhnean Gàidhlig
- ◆ sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana gu buidhnean eile
- ◆ bheir sinn cothrom air lethbhreacan do dhaoine/bhuidhnean a dh'iarras iad

Luchd-obrach air leth

Innsear do luchd-obrach SQA mu mar a bhios iad an sàs ann an gnìomhan agus gnìomhasachan a' Phlana-cànain Gàidhlig tro obair nam buidhnean-obrach corporra agus planadh airson foghlaim, airson a bhith cinnteach gu leanar ri na h-ùinean. Faic roinn 'Ainmean ris am bruidhinnear' den Phlana air an duilleig mu dheireadh den phàipear seo airson cunntasan mu oifigearan-stiùiridh.

Maoineachadh a' Phlana

An-dràsta tha SQA a' maoineachadh nan gnìomhan a tha dealbhte sa Phlana seo, a thaobh nan seirbheisean a tha air an liubhairt, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

further, figures on costs of new software planning are not yet available due to the complex nature of the development work being undertaken.

Once research on systems development for new entry and certification models is completed, SQA will be able to establish what future funding bids will be required.

Monitoring implementation of the Plan

SQA will maintain its two separate internal working groups in order that actions can be monitored and updated regularly. Links to Bòrd na Gàidhlig's Education Manager and the national working groups are essential to the ongoing success of Gaelic language planning in SQA, given the importance of SQA's national education remit.

Implementation of the Plan will be included in our Operational and Business Plans and progress monitored through normal SQA governance channels.

Regular communication, either in the form of written updates or meetings with Bòrd na Gàidhlig will facilitate this process.

Services delivered by third parties

SQA will ensure that those who deliver services/goods on our behalf adhere to the principles contained in our Gaelic Language Plan, and are given access to the Plan either on their appointment to SQA or via SQA's Gaelic web pages. These principles will also be reflected in contract agreements with third-party service providers.

Ged thathar a' faicinn gun gluais SQA rè nan dà bhliadhna ionmhais a tha air thoiseach gu an gnìomhachas Gàidhlig aonachadh gu ìre nas motha, chan eil àireamhan chosgaisean airson bathair-bog ùr fhathast ri làimh air sgàth gnè thoinnte obair-leasachaidh a thathar a' gabhail os làimh.

Nuair bhios rannsachadh shiostaman-leasachaidh airson seòrsachan ùra inntrigidh agus theisteanasan ullamh, bidh e comasach do SQA daingneachadh a dhèanamh air na h-iarrtasan ionmhais a dh'fheumar.

Measadh air coileanadh a' Phlana

Gleidhidh SQA an dà bhuidheann-obrach air leth gus am bi gnìomhan air am meas agus air an nua-dheasachadh gu riaghailteach. Tha ceangalan ri Manaidsear Foghlaim Bòrd na Gàidhlig agus ri na buidhnean-obrach nàiseanta riatanach airson soirbheachadh leantainneach le planadh-cànain aig SQA, seach gu bheil obair nàiseanta foghlaim SQA cho cudromach.

Bidh coileanadh a' Phlana mar phàirt de ar Planaichean Obdach agus Gnìomhachais agus measar adhartas tro dhòighean-riaghlaidh cumanta SQA.

Nì conaltradh riaghailteach, ann an cumadh nua-dheasachaidhean sgrìobhte no choinneamhan ri Bòrd na Gàidhlig an obair seo nas fhasa.

Seirbheisean bho bhuidhnean eile

Nì SQA cinnteach gum bi iadsan a bhios a' liubhairt sheirbheisean/stuthan às ar leth a' leantainn nam prionnsapalan nar Plana-cànain Gàidhlig, agus gu faigh iad cothrom air a' Phlana nuair thèid an suidheachadh le SQA no tro dhuilleagan làrach-lìn SQA. Bidh na prionnsapail seo stèidhichte ann an cùmhnantan-aonta riuthasan a bhios a' liubhairt sheirbheisean.

Contact details

Corporate Team

Alison Tobia
Corporate Planning Manager
Finance & Corporate Governance
SQA
The Optima Building
58 Robertson Street
Glasgow G2 8DQ
0845 213 5316
alison.tobia@sqa.org.uk

Education Team

Robert Quinn
Head of Humanities & Social Sciences
Qualifications Directorate
SQA
The Optima Building
58 Robertson Street
Glasgow G2 8DQ
0845 213 5612
robert.quinn@sqa.org.uk

Marilyn Waters
Qualifications Co-ordinator — Gaelic
Qualifications Directorate
SQA
The Optima Building
58 Robertson Street
Glasgow G2 8DQ
0845 213 5520
marilyn.waters@sqa.org.uk

Conaltradh ri

Sgiobadh Corparrachd

Alison Tobia
Manaidsear Corparrachd & Gnìomha
Riaghladh Ionmhais & Corparrachd
SQA
Togalach Optima
58 Sràid MhicDhonnchaidh
Glaschu G2 8DQ
0845 213 5316
alison.tobia@sqa.org.uk

Sgiobadh Foghlaim

Robert Quinn
Ceannard Cultar Daonna agus Shaidheansan
Shòisealta
Stiùirichean Theisteanas
SQA
Togalach Optima
58 Sràid MhicDhonnchaidh
Glaschu G2 8DQ
0845 213 5612
robert.quinn@sqa.org.uk

Marilyn Waters
Co-òrdanaiche Theisteanas airson
Gàidhlig
Stiùirichean Theisteanas
SQA
Togalach Optima
58 Sràid MhicDhonnchaidh
Glaschu G2 8DQ
0845 213 5520
marilyn.waters@sqa.org.uk

Appendix 1: Qualifications and statistics

Gaelic (Learners)

	2004	2005	2006	2007	2008
Standard Grade	316	314	364	383	379
Access 3	2	3	3	3	4
Intermediate 1	11	15	13	24	69
Intermediate 2	46	68	49	30	30
Higher	139	130	154	119	120
Advanced Higher	28	7	17	23	17
Total	542	537	600	582	619

Gàidhlig

	2004	2005	2006	2007	2008
Standard Grade	218	190	193	173	199
Access 3	0	0	0	0	0
Intermediate 1	0	1	0	0	13
Intermediate 2	11	15	19	11	16
Higher	91	102	124	97	99
Advanced Higher	11	23	21	23	26
Total	331	331	357	304	353

Gaelic-medium

	2004	2005	2006	2007	2008
Geography	5	0	8	3	9
History	18	10	15	21	24
Total	23	10	23	24	33

It is important to note that the last table is not representative of the full number of Gaelic-medium candidates in Scotland. Rather, it shows the candidates who have elected to undertake the subject **examination** in the medium of Gaelic. Numbers are increasing as the candidature is maturing, and an increase in candidate numbers requesting examination provision is predicted.

FE provision

Figures are currently under review by SQA, Bòrd na Gàidhlig and a consortium of Scottish colleges with a view to developing national provision aimed at addressing gaps in Gaelic language learning and training opportunities in the FE sector.

Eàrr-ràdh 1: Teisteanasan agus staitistic

Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

	2004	2005	2006	2007	2008
Ìre Choitcheann	316	314	364	383	379
Ìre-steach 3	2	3	3	3	4
Eadar-mheadhan 1	11	15	13	24	69
Eadar-mheadhan 2	46	68	49	30	30
Àrd Ìre	139	130	154	119	120
Sàr Àrd Ìre	28	7	17	23	17
Uile	542	537	600	582	619

Gàidhlig

	2004	2005	2006	2007	2008
Ìre Choitcheann	218	190	193	173	199
Ìre-steach 3	0	0	0	0	0
Eadar-mheadhan 1	0	1	0	0	13
Eadar-mheadhan 2	11	15	19	11	16
Àrd Ìre	91	102	124	97	99
Sàr Àrd Ìre	11	23	21	23	26
Uile	331	331	357	304	353

Tro Mheadhan na Gàidhlig

	2004	2005	2006	2007	2008
Cruinn-eòlas	5	0	8	3	9
Eachdraidh	18	10	15	21	24
Uile	23	10	23	24	33

Tha e cudromach a thoirt fa-near nach eil an clàr mu dheireadh a' riochdachadh uile thagraichean Tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Is ann a tha e a' sealltainn thagraichean a roghnaich **deuchainn** a' chuspair a ghabhail tro mheadhan na Gàidhlig. Tha àireamhan a' meudachadh mar a tha luchd-tagraidh a' tighinn gu ìre, agus tha dùil gu meudaich an àireamh thagraichean a dh'iarra deuchainn.

Foghlam Adhartach

Tha SQA, Bòrd na Gàidhlig agus buidheann de cholaistean Albannach an-dràsta a' toirt sùil air àireamhan le beachd tairgse nàiseanta ullachadh a sheallas ri beàrnann ann an ionnsachadh-cànain Gàidhlig agus ann an cothroman-trèanaidh ann an roinn Foghlam Adhartach.

Appendix 2: Priority action areas

Language acquisition

Increasing the number of Gaelic speakers by ensuring the language is transferred within families and by securing effective opportunities for learning Gaelic, through:

- ◆ increasing the use and transmission of Gaelic in the home
- ◆ increasing the number of children acquiring Gaelic in the home
- ◆ increasing the uptake and availability of Gaelic-medium education
- ◆ increasing the number of adult Gaelic learners progressing to fluency

SQA recognises that a sustainable future for Gaelic requires more people to learn the language and that attention requires to be focused on the home, education and adult learning as the key means of achieving this (see Chapter 3 for details).

Language usage

Encouraging greater use of Gaelic, providing opportunities to use the language, and promoting access to Gaelic forms of expression, through:

- ◆ increasing the use of Gaelic in communities
- ◆ increasing the use of Gaelic in tertiary education and places of work
- ◆ increasing the presence of Gaelic in the media
- ◆ increasing the promotion of Gaelic in the arts
- ◆ increasing the profile of Gaelic in the tourism, heritage and recreation sectors

SQA recognises that creating a sustainable future for Gaelic requires not only increasing the number of people able to speak the language, but increasing actual usage. We recognise the importance of enabling more people to use Gaelic as their preferred and normal mode of communication in an increasingly wide range of daily activities (see Chapter 3 for details).

Language status

Increasing the visibility and audibility of Gaelic, enhancing its recognition and creating a positive image for Gaelic in Scottish public life, through:

- ◆ increasing the number of bodies preparing Gaelic Language Plans
- ◆ increasing the profile and prestige of Gaelic
- ◆ increasing the visibility and recognition of Gaelic

SQA recognises that the status of a language is affected by its presence in the daily environment and the extent to which it is used, valued and perceived to be valued by those institutions which play an important role in our daily lives (see Chapter 3 for details).

Eàrr-ràdh 2: Tùs-chothroman gnìomha

Ionnsachadh cànan

Meudachadh àireamh luchd-bruidhne na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' gluasad ann an teaghlachan agus le bhith a' daingneachadh chothroman airson Gàidhlig ionnsachadh, tro bhith:

- ◆ a' meudachadh cleachdadh agus a' còmhradh tro Ghàidhlig san dachaigh
- ◆ a' meudachadh an àireamh chloinne a tha ag ionnsachadh Gàidhlig san dachaigh
- ◆ a' meudachadh nua-dheasachadh agus chothroman air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- ◆ a' meudachadh àireamh nan inbheach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig airson fileantachd a ruighinn

Tha SQA a' tuigsinn ma tha Gàidhlig gu bhith làidir san àm ri teachd gu feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gu feumar aire a dhaingneachadh air an dachaigh, air foghlam agus air ionnsachadh le inbhich mar phrìomh dhòigh air seo a choileanadh (faic Caibideil 3 airson mion-fhiosrachadh).

Cleachdadh cànan

A' brosnachadh barrachd cleachdaidh air Gàidhlig, le cothroman an cànan a chleachdadh, agus a' leudachadh chòirichean gu dòighean-labhairt Gàidhlig, tro bhith:

- ◆ a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- ◆ a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an foghlam an dèidh sgoile agus ann an ionadan-obrach
- ◆ a' meudachadh làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan
- ◆ a' meudachadh cur-air-adhart na Gàidhlig anns na h-ealain
- ◆ a' meudachadh inbhe na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais agus chur-seachadan

Tha SQA a' tuigsinn ma tha Gàidhlig gu bhith làidir san àm ri teachd nach e a-mhàin leudachadh air an àireamh is urrainn an cànan a labhairt a tha cudromach, ach da-riribh an fheadhainn a tha ga cleachdadh a mheudachadh. Tha sinn mothachail air cho cudromach 's a tha e cothrom a thoirt do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am meadhan-conaltraidh as fheàrr leotha agus as cumanta ann an raon nas fharsaing de ghnìomhan làitheil (faic Caibideil 3 airson mion-fhiosrachadh).

Inbhe cànan

A' meudachadh lèireas agus cluinntinn na Gàidhlig, a' leudachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh chinnteach do Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba tro bhith:

- ◆ a' meudachadh àireamh bhuidhnean a bhios ag ullachadh Phlanaichean-cànain Gàidhlig

Language corpus

Strengthening the relevance and consistency of Gaelic and promoting research into the language, through:

- ◆ increasing the relevance and consistency of the Gaelic language
- ◆ increasing the quality and accessibility of Gaelic translations
- ◆ increasing the availability of accurate research information

SQA recognises the need to strengthen the relevance and consistency of Gaelic, the importance of facilitating translation services and of promoting research into the language (see Chapter 3 for details).

- ◆ a' meudachadh dealbh agus cliù na Gàidhlig
- ◆ a' meudachadh lèireas agus aithne na Gàidhlig

Tha SQA a' tuigsinn gu bheil inbhe cànain buadhaichte le a làthaireachd san t-suidheachadh làitheil 's leis an ìre gu bheil e air a chleachdadh, air a luachachadh agus air a luachachadh le na buidhnean sin aig a bheil àite sònraichte nar beatha làitheil (faic Caibideil 3 airson mion-fhiosrachadh).

Cruinneachadh cànain

A' neartachadh beantainneachd agus seasmhachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh air a' chànan, tro bhith:

- ◆ a' meudachadh beantainneachd agus seasmhachd na Gàidhlig
- ◆ a' meudachadh gnè agus chothroman air eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- ◆ a' meudachadh comas fhaotainn air fiosrachadh ceart bho rannsachadh

Tha SQA mothachail air gu bheil feum air beantainneachd agus seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach 's a tha e gum bi cothrom air seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh don chànan a leudachadh (faic Caibideil 3 airson mion-fhiosrachadh).

Appendix 3: Scottish Credit and Qualifications Framework

SCQF level	SQA qualifications			Qualifications of Higher Education Institutions	Scottish Vocational Qualifications
12				Doctorate	
11				Masters Degree Post Graduate qualification	SVQ5
10			Professional Development Award	Honours Degree Graduate Diploma	
9				Ordinary Degree Graduate Certificate	
8				Diploma of Higher Education	SVQ4
7	Advanced Higher	Higher National Diploma		Certificate of Higher Education	
6	Higher	Higher National Certificate			
5	Intermediate 2 Credit Standard Grade				SVQ3
4	Intermediate 1 General Standard Grade	National Certificate	National Progression Award		SVQ2
3	Access 3 Foundation Standard Grade				SVQ1
2	Access 2				
1	Access 1				

Eàrr-ràdh 3: Structar Creideis agus Theisteanas Alba

Ìrean SCQF	Teisteanasan SQA			Teisteanasan Ionadan Foghlam	Teisteanasan Dreuchdail na h-Alba
12				Ollamhachdan	
11				Maignstirean Teisteanas Ìre-cheumnachaidh	SVQ5
10			Duaisean Leasachadh Proifeisanta	Ceum le Urram Teisteanas Luchd-ceuma	
9				Ceum Ceumanta Teisteanas Luchd-ceuma	
8				Teisteanas Àrd Foghlam	SVQ4
7	An Àrd Ìre Àdhartach	Àrd Theisteanas Nàiseanta		Teisteanas Àrd Foghlam	
6	An Àrd Ìre	Àrd Theisteanas Nàiseanta			
5	Meadhan Ìre 2 An Ìre Choitchean Sàr Ìre				SVQ3
4	Meadhan Ìre 1 An Ìre Choitchean Meadhan Ìre	Teisteanasan Nàiseanta	Duaisean Adhartas Nàiseanta		SVQ2
3	An Ìre Choitchean Bun Ìre An Ìre a-steach 3				SVQ1
2	An Ìre a-steach 2				
1	An Ìre a-steach 1				

